

Tha uisge-beatha aon de
thoraidhean as ainmeile na
dùthcha seo a thèid a reic
do chòrr is 200 dùthaich
air feadh an t-saoghail.
A-nis, tha an gnìomhachas
air thoiseach air càch ann
a bhith a' stri an aghaidh
atharrachadh gnàth-shìde

Uisge-beatha a' dol uaine

'S e toradh gu math suaicheanta a tha ann an uisge-beatha. Thèid a reic ann an 200 dùthaich air feadh an t-saoghail, is chaidh còrr is 90 millean baraille, de luach £3 billean, às-mhalairteachadh ann an 2008.

Mar sin, b' e sanas cudromach a bha ann dhan choimhearsnachd ghnìomhachais nuair a thug companaidhean uisge-beatha na h-Alba gealladh na bu tràithe am-bliadhna na bha iad a' cleachdadh de chonnadh-fosail a ghearradh le 80% ro 2050, mar phàirt den chiad ro-innleachd àrainneachdail a chaidh a stiùireadh leis a' ghnìomhachas fhèin.

Tha sin a' ciallachadh sàbhaladh bliadhna, ro 2050, de chòrr is 750,000 tunna de charbon dà-ogsaid – gheibheadh an aon bhuaidh le bhith a' toirt 235,000 càr far rathaidean na h-Alba.

Chuir Richard Lochhead, rùnaire àrainneachd na h-Alba, fàilte air an naidheachd seo, is esan a' moladh chompanaidhean uisge-beatha oir is iad a' chiad ghnìomhachas a ghabh ri targaidean dùbhlanaich a thaobh atharrachadh gnàth-shìde a chur Riaghaltas na h-Alba sìos airson 2050.

“Tha an t-àm ri teachd airson gnìomhachas suaicheanta an uisge-beatha an crochadh gu mòr air àrainneachd a tha a cheart cho suaicheanta, agus tha an gnìomhachas air thoiseach air càch is ro-innleachd cho adhartach aca,” thuirt e. “Ma thèid seo a choileanadh, bidh na geallaidhean seo air leth buannachdail dhan àrainneachd againn. Tha figearan às-mhalairt na h-Alba, a bha na b' àirde na bha iad riamh roimhe aig còrr is £3 billean, a' sealltainn cho cudromach is a tha an gnìomhachas seo dhan eaconamaidh againn.”


Thuirt Dàibhidh Rae bho North British Distillery Company, a bha sa chathair air a' bhuidhinn a chruthaich an ro-innleachd, gun robh e ciallach a thaobh na h-àrainneachd agus a thaobh gnìomhachais. “Bha grùdairean riamh a' tuigsinn sealladh fad-ùineach agus tha na targaidean a tha romhainn gu 2050 dùbhlanaich. Tha an ro-innleachd seo na chomharradh soilleir gu bheil sinne airson ceann a ghabhail a thaobh seasmhachd.”

Airson na lùghdachaidhean seo a choileanadh, feumaidh an gnìomhachas an dòigh-obrach aige atharrachadh gu mòr. Aig an aon àm, ge-tà, tha e a' gabhail cheumannan eile airson dòighean-obrach a dhèanamh nas 'uaine'. An-seo, chithear feadhainn de na h-atharrachaidhean a tha san amharc no a chaidh a chur an gnìomh mar-thà.

1
Bidh gnìomhachas uisge-beatha an urra ri tùs uisge fìor glan gus uisge-beatha a tharraing.

2
Na mullaichean casa agus pagodas aithnichte a tha ri fhaicinn aig tòrr taighean-staile ann an Alba.

www.snh.gov.uk





Lùth

Thèid tòrr lùtha a chleachdadh airson uisge-beatha a tharraing ach tha far-stuthan ann a ghabhas a chleachdadh mar lùth. Tha an gnìomhachas a' cosg airgead air dòighean ùra lùth fhaighinn air ais bho na far-stuthan seo airson lùth agus teas a dhèanamh. Bidh seo a' ciallachadh nach bi an gnìomhachas an crochadh cho mòr air connadh-fosail.

Mar eisimpleir, bidh aon de thaighean-staile as ainmeile na h-Alba a' cur siostam fìor adhartach an gnìomh a chleachdas algaich, às am faighear ola, airson na thèid a leigeil fa-sgaoil de ghasan a tha cunnartach dhan àrainneachd a lùghdachadh.

Tha e na amas do Thaigh-staile Ghleann Turraid, a tha a' dèanamh The Famous Grouse, deataichean pròiseas an uisge-beatha a thionndadh gu bith-diosail. Tha algaich a' toirt carbon dà-ogsaid às na deataichean is iad a' tionndadh an gas gu ola agus protain.

Agus tha Luchd-Staile Ràthais – nam measg Chivas Brothers, Glen Grant agus Ben Riach – a' togail factaraidh teas agus cumhachd ùr a chleachdas far-stuthan mar thùs lùtha. Thèid lùth a bharrachd a reic dhan National Grid, is bidh gu leòr ann 9,000 dachaigh a chumail a' dol.

Cuideachd, tha North British Distillery ann an Dùn Èideann air siostam-iomlaid teas a chur an gnìomh a chleachdas teas a thèid a leigeil fa-sgaoil an-dràsta airson Àrd-sgoil Tynecastle, a tha faisg air làimh, a theasachadh. Chithear eisimpleir gu math coltach aig Thaigh-staile Bhogha Mhòir, Ìle, a tha a' cur lùth a bharrachd do dh'Ionad Spòrs an eilein.

Uisge

Tha gnìomhachas an uisge-beatha feumach air uisge glan agus tha e ag amas air slatan-tomhais a cheart cho àrd a chleachdadh airson uisge-caithte a thèid a chur a-steach dhan àrainneachd a-rithist.

Tha poitean-dubh copar riatanach oir bidh iad a' cur gu mòr ri mathas an uisge-beatha. Ach, dh'fhaodadh gum bi an copar a tha anns an uisge-caithte a thèid a leigeil fa-sgaoil bho thaigh-staile a bhith cunnartach do bheathaichean is lusan ma tha e nas àirde na irean sònraichte.

Tha taigh-staile Ghleann Fhiodhaich ann an Dufftown air siostam-glanaidh nàdarra a chur a-steach airson Abhainn Fhiodhaich a ghleidheadh. Chuireadh 16 seòrsaichean chraobhan seilich is lusan talamh fliuch a bhuineas don sgìre, is iad a' gabhail grèim air a' chopar leis na freumhan aca gus nach tèid e a-steach dhan àrainneachd. Chunnacas fèidh, tunnagan, sionnaich agus cearcan-tomain san àite. Chaidh talamh fliuch coltach ri seo a chur air dòigh aig na taighean-staile ann am Benrìnes agus ann an Gleann Aileachaidh.



Baraillean

A rèir an lagha, feumaidh uisge-beatha Albannach, a bhith air a dhèanamh ann an Alba agus air abachadh co-dhiù trì bliadhna ann am baraille daraich. Tha pàirt fìor chudromach aig na baraillean anns an abachadh, a' toirt blas agus dath òr dhan uisge-beatha.

Tha an gnìomhachas a' cur roimhe gun dèan e cinnteach, far a bheil e comasach, gun tig a h-uile baraille daraich a thèid a chleachdadh san àm ri teachd bho choilltean a ghabhas a chur gu feum gun milleadh fad-ùineach dhan àrainneachd.

Gheibh iomadh uisge-beatha blas gun samhail airson 's gun tèid baraillean seiridh a chleachdadh, baraillean a gheibhear bho choilltean an daraich Eòrpaich ann an ceann a tuath na Spàinn. Gu tric, is iad companaidhean uisge-beatha a bhios a' ceannach nam baraillean seo an toiseach is an uair sin a' toirt cothrom do chompanaidhean seiridh an cleachdadh airson greiseag mus tèid an cur air ais a dh'Alba.

Bha Edrington Group, a tha a' tarraing The Macallan agus Highland Park, airson àm ri teachd fad-ùineach a ghleidheadh do thobraichean daraich anns an Spàinn is dh'òrdaich iad sgrùdadh air coilltean daraich ann an Galicia, Asturias agus Cantabria.

Fad deich bliadhna a chaidh a sgrùdadh, chaidh na bha ann de dharach Eòrpach am meud 67%. Tha na craobhan a' tabhann bhuannachdan eile cuideachd, mar eisimpleir a' taiceadh farsaingeachd de fhiadh-bheatha agus a' glasadh carbon air falbh.



Gràn

Thèid seachdadh às a' cheud den chruithneachd a tha a' fàs ann an Alba a chleachdadh airson spiorad gràin a dhèanamh, a tha na phàirt air leth chudromach de dh'uisge-beatha co-measgaichte.

Tha an gnìomhachas airson na tha ann de naitridean anns a' chruithneachd a lùghdachadh, oir bidh seo a' ciallachadh gun gabh barrachd alcol a dhèanamh agus gum bi e nas fheàrr dhan àrainneachd. Ach, feumaidh luchd-toraidh seo a dhèanamh gun a bhith a' lùghdachadh na thig bhon talamh de chruithneachd uile gu lèir.

Mar sin, tha eòlaichean-saidheans air seòrsa gràin a ghineadh a bhios a' gabhail a-steach 30% nas lugha de naitridean. Bidh seo a' ciallachadh gum bi comas aig tuathanaiche 50% nas lugha de mhathachadh a chur air an talamh, ag adhbharachadh nas lugha de thruailleachd anns an àrainneachd.